

'N uair a dh' aomas farum na seilg
Fo ghuth Oisein nan caomh-rann,
'S a fhreagras aonach an deirg
Sruth Chòna nan toirm mall.

—FIONN. D. I. 565.

Agus, a rithis, mar tha e ag imeachd le ceum
stàideil na h-aoise:—

A ghutha Chòna, 's àirde fuaim,
A bhàrda tha luaidh mu aois,
Do'n eirich air 'ur n-anam suas,
Feachdan mór' nan gorm chruaidh laoch.
'S taitneach leam aoibhneas a' bhròin,
Fo 'n lùb geug dharaig nan tòrr,
'S an duileach òg ag eirigh maoth,
Togaibh-se, mo bhàird, am fonn.

Cha 'n fheil carrachan-cuimhne a's brèagha
no a's maireannaiche na iadsan a dheilbheadh
leis na bàird mhóra,—Alasdair Mac-Mhaighstir
Alasdair, Dunncha Bàn Mac-an-t-saoir, Iain
Lom, Iain MacCodrum, agus Iain Moireastan,
Gobha na Hearradh, mar air Domhnullach na
Tòiseachd:—

Bha do phearsa 's do ghluasad,
Co tlachdmhor, neò-thuaigheach, is tlàth,
Chor 's gur teare iad thug fuath dhuit,
Ged bu lionmhor bha fuaidht' riut a'n gràdh;
Aig na h-islean 's na h-uaislean,
Bha spéis dhuit, ged b' uaibhreach dhiubh pàirt,
Ni dh' fhag t-iomradh g' a luaidh ac',
Mar sgeul bròin o'n là chual iad do bhàs.